

## *Cluinnidh tu Seonag Nic a' Mhaoilein a' toirt seachad fiosrachadh mu BhBC Alba*

### **Pàirt 1**

'S e latha eachdraidheil a bha anns an ochdamh latha air fhichead den Fhaoilleach 2008. B' ann air an latha sin a dh'aontaich am BBC gum bu chòir sianal telebhisean Gàidhlig a bhith ann. Thòisich an sianal, BBC Alba, a' craoladh anns an t-Sultain a' bhliadhna sin. Bha cuid den bheachd nach biodh ùidh aig mòran anns an t-sianal ùr ach choimhead faisg air seachd ceud mìle neach BBC Alba gach seachdain anns na mìosan às deidh dha tòiseachadh. Bha na h-àireamhan mòra seo nan iongnadh oir chan fhaiceadh ach an treas pàirt de mhuinntir na h-Alba an sianal leis nach robh e ri fhaicinn ach air saideal. Bhathas den bheachd gun robh an sianal air a bhith gu math soirbheachail agus chaidh a chur air Freeview anns an Ògmhios 2011. Tha BBC Alba a-nis a' craoladh airson suas ri seachd uairean a thìde gach latha agus chithear mòran de na prògraman cuideachd air BBC iPlayer.

Tha an sianal a' còrdadh ri daoine de gach seòrsa. Tha luchd-amhairc spòrs dèidheil air is e a' craoladh barrachd spòrs à Alba na sianal sam bith eile. Chithear ball-coise, rugbaidh agus iomain gu tric. Tha prògraman chloinne rim faicinn gach latha tron t-seachdain, eadar còig uairean agus seachd uairean feasgar. Chithear am prògram-naidheachd, An Là, eadar ochd uairean agus leth-uair an dèidh ochd. Tha luchd-stiùiridh an t-sianail air gealltainn gum faicear barrachd dràma ùr anns na mìosan agus na bliadhnan a tha romhainn.

### **Pàirt 2**

Tha BBC Alba air feum mòr a dhèanamh le bhith a' toirt chothroman do dhaoine aig a bheil a' Ghàidhlig agus na sgìlean freagarrach gus a bhith ag obair anns na meadhanan. Tha ceithir stiùidiothan aig BBC Alba: ann an Steòrnabhagh, Glaschu, Inbhir Nis agus Port Rìgh. Tha an sianal air togail mhòr a thoirt do dh'eaconamaidh nan sgìrean anns a bheil na stiùidiothan seo – gu h-àraid ann an Steòrnabhagh far a bheil a' chuid mhòr den luchd-obrach ag obair. Tha an sianal cuideachd air feum a dhèanamh dhan Ghàidhlig fhèin. Tha BBC Alba air inbhe na Gàidhlig a thogail air feadh na dùthcha agus tha seo air pàrantan a bhrosnachadh gus an cuid chloinne a chur ann am foghlam Gàidhlig. Tha e a' toirt deagh sheirbheis do luchd-bruidhinn na Gàidhlig nach robh cleachdte ri bhith a' coimhead mòran phrògraman nan cànan fhèin. Tha an sianal cuideachd air feum a dhèanamh do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig le bhith a' toirt cothrom dhaibh an sgìlean cànan a leasachadh tro bhith a' coimhead air an telebhisean. Agus tha òigridh aig a bheil a' Ghàidhlig a' faicinn gu bheil an t-uabhas de chothroman an lùib na Gàidhlig.